

Bòrd MG ALBA

28/2/24

Steòrnabhadh/Teams

Dreach gearr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig, Ceit-Anna NicLeòid, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)

Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais & Oighreachd)

Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puingean 9, 10, 11 & 22

Sarah Dhòmhnallach [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh) – 14-deireadh

Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach) – puing 17

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (Rùnaire)

Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Sheirbheis Ghàidhlig a' BhBC) – puing 13

Leis gum b' e seo a' choinneamh bùird mu dheireadh aig Màiri Kidd agus Ceit-Anna NicLeòid leis na teirmichean aca a' tighinn gu crìoch, chaidh taing a' Bhùird a bhuileachadh orra airson an cuid obrach thar nam bliadhnaichean.

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach dearbhte

2.1. Cha robh gin.

3. Gearr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (30/11/23 & 18/1/24)

3.1. Chaidh a' ghearr-chunntas a mholadh le Màiri Kidd agus a dhaingneachadh le Marion Nic na Ceàrdaich.

4. Comataidhean

Comataidh Lèirsinn

- 4.1. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 7/2/24.
- 4.2. **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 4.3. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 8/2/24.
- 4.4. Dh'aontaich am Bòrd gun deigheadh an Sgeama Tiomnachaidh atharrachadh gus cumhachd a thoirt don Chomataidh poileasaidhean aontachadh, le dìreach fios a' tighinn chun Bhùird le gearr-iomradh air dè chaidh atharrachadh annta.
- 4.5. **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.
- 4.6. **Gnìomh**: 1) thèid an Sgeama Tiomnachaidh atharrachadh. (MAMI)

5. Aithris a' Chathraiche

- 5.1. Dh'innis an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan san robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 5.2. Bidh artaigil leis a' Chathraiche a' nochdadh sa P&J aig an deireadh sheachdain agus thèid a chuirteachadh.
- 5.3. Chaidh innse gun deach an dàrna leughadh de Bhile nam Meadhanan a dheasbad ann an Taigh nam Morairean air 28/2/24 far an deach neartachadh a thaobh craoladh Gàidhlig a mholadh. Thèid am Bile gu ìre na Comataidh ann an Taigh nam Morairean, far am bi dùil ri atharrachaidhean mus till e gu Taigh nan Cumantan.
- 5.4. Dh'innis an Cathraiche mu choinneamhan le Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar agus le diofar luchd-poilitigs bho dhiofar phàrtaidhean, a' cur air adhart aithisg EY agus a' neartachadh Bile nam Meadhanan.
- 5.5. Dh'innis an Cathraiche gum bi e air beulaibh Comataidh Thaghte DCMS air 5/3/24, airson fianais a thoirt dhaibh mu shuidheachadh craoladh Gàidhlig. Bidh cothrom an sin argamaid airson neartachadh sa Bhile a dhèanamh mu choinneimh na Comataidh.
- 5.6. Chaidh innse gun robh agallamhan ann airson buill ùr a' Bhùird ach gun deach ceathrar a mholadh. Thèid na molaidhean seo gu Ofcom sa Mhàrt agus an uair sin a' dol tro phròiseas Riaghaltais na h-Alba, le dòchas gum bi na buill ùr an làthair aig coinneamh a' Bhùird san Ògmhios.
- 5.7. **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

6. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

- 6.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.
- 6.2. A thuilleadh air na bh' air beulaibh bhall, chaidh innse gun deach fianais a thoirt do Chomhairle nan Eòlaichean air Cairt Eòrpach nam Mion-chànanan air 23/2/24.
- 6.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do Aithisg an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh.

7. Dèanadas agus Cunntasan Q3

- 7.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail.
- 7.2. **Co-dhùnadh:** dhearbh buill gu robh iad air na KPlan agus na Cunntasan Ràitheil a chur fo cheist aig taisbeanadh dèanadais, aig coinneamhan nan comataidhean agus an-diugh, agus gabh buill fainear.

8. Clàr Riosgan & Frèam-obrach Dearbhaidh

- 8.1. Bha pàipear adhartais le Frèam-obrach Dearbhaidh agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall.
- 8.2. Chaidh a chomharrachadh gu robh an trèanadh saidhbear a chaidh a chumail airson buill air 20/2/24 air leth feumail agus gu robh iad airson a dhol an sàs san tuilleadh trèanaidh, coltach ris an trèanadh a bha an luchd-obrach a' dèanamh.
- 8.3. **Co-dhùnadh:** às dèidh deasbaid, bha buill riarachtaichte gu bheil gnìomhan gan dèanamh gus na riosgan a làimhseachadh.
- 8.4. **Gnìomh:** thèid an tuilleadh trèanadh mar aig 8.2 a chur air dòigh agus thèid trèanadh a chur air dòigh airson buill ùra. **(MAMI)**

9. Luchd-ùidhe

- 9.1. Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

10. Bile nam Meadhanan

- 10.1. Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.2. Chaidh innse gu bheileas a' bruidhinn ri diofar buill Pàrlamaid agus Morairean gus dèanamh cinnteach gu bheil taic ann.

10.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte mu Bhile nam Meadhanan.

10.4. **Gnìomh:** coinnichidh an Cathraiche agus ball ri John Nicolson BP a dh'aithghearr.

11. **Maoineachadh**

11.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le mìneachadh gu robh suidheachadh maoineachaidh na buidhne aig ìre cunnairt.

11.2. Chaidh a mhìneachadh mar a tha tuiteam anns a' mhaoin aig MG ALBA air a chomharrachadh anns an dreachd buidseat aig Riaghaltas na h-Alba, ged a thathar air a ràdh nach bi tuiteam ann an dà-rìribh.

11.3. Ma tha airgead bunaiteach (core funding) gu bhith teann, feumar coimhead gu dà sheòrsa maoin eile: Maoineachadh pròiseict agus Co-mhaoineachadh.

11.4. A thaobh Maoineachadh pròiseict, a' leantainn eisimpleir SpeakGaelic, thathas an dùil gu bheil airgead ri lorg ma tha an fheum soilleir agus a rèir misean na buidhne.

11.5. Ge-tà tha sgilean coimeirsealta riatanach, gu h-àraid ma thathas gu bhith ag ullachadh tagraidhean.

11.6. Bha aonta ann gun cuidicheadh an obair ùr aig ìre Stiùiriche le seo.

11.7. Thuirt an AO gu robh e aig coinneamh air 28/2/24 le DCMS mu Sgrùdadh Modail Maoineachaidh, le DCMS ag iarraidh fianais air a' mhodail mhaoineachadh a th' ann an-dràsta agus a bheil e ag obair. Tha pìos obrach ri dhèanamh airson fianais a chur a-steach agus feumar beachdachadh air a bheileas airson modal gnìomhachais na buidhne atharrachadh.

11.8. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail, dhearbhadh am Bòrd gu robh na gnìomhan agus an t-slighe air adhart gus argamaid a chur air beulaibh nan Riaghaltasan follaiseach agus iomchaidh airson a chur an gnìomh.

11.9. **Gnìomh:** thèid fiosrachadh a chur chun AO mu ro-innleachd chultarail eadar-nàiseanta sa bheil Angus Robasdan BPA an sàs **(MS)** agus gun tèid litir thuige gus faicinn am b' urrainn don bhuidheann cur ri na h-amasan seo. **(DC)**

12. **Daoine**

12.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur fòcas air aon dreuchd ùr a thathas a' measadh riatanach airson neart, fallaineachd agus leasachadh na buidhne, a fhuair làn thaic bho Chomataidh Lèirsinn agus bhon Bhòrd.

- 12.2. Bhiodh an obair 1) a’ dealbhadh ro-innleachdan gus meudachd agus comas na meadhanan Gàidhlig àrdachadh, gu h-àraid le sùil air brosnachadh fàs agus cruthachas san roinn chruthachail riochdachaidh Ghàidhlig; 2) a’ dealbhadh agus a’ cur an sàs co-iomairtean practaigeach a leanas gu fàs eaconamach agus cruthachas nam meadhanan telebhisean and didseatach Gàidhlig agus 3) a’ stiùireadh ro-innleachdan eaconmach MG ALBA airson obraichean, luach agus in-ionmhas a chruthachadh tro riochdachadh agus co-riochdachadh phrògraman Gàidhlig.
- 12.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad aontaichte air an fheum airson eòlas ro-innleachdach a bharrachd a thoirt a-steach don bhuidheann.
- 12.4. **Gnìomh:** thèid an obair a dhealbhadh, san aithghearrachd, le taic bhon Chathraiche agus Cathraiche Chomataidh Lèirsinn. (DC)

13. BBC ALBA – ùrachadh – na h-ath cheumannan

- 13.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh an t-suidheachaidh mu dheireadh aig an lèirmheas eadar am BBC agus MG ALBA le clàr-ama airson na h-ath cheumannan agus leis a’ phròiseas a-nis crìochnaichte, thathas airson nam molaidhean a chur an sàs. B’ iad na prìomh phuingeas deasbaid:
- 13.2. Gu bheil seirbheisean didseatach aig cridhe gach co-dhùnadh a chaidh a dhèanamh.
- 13.3. Tha dàta cudromach san dòigh sa bheileas a’ coimiseanadh a’ dol air adhart.
- 13.4. Chan eileas a’ moladh an t-Aonta Laghail atharrachadh, ach na molaidhean a ghlacadh taobh a-staigh Meòrachan Còrdaidh eadar an dà bhuidheann.
- 13.5. Chaidh bruidhinn air an robh an gluasad gu didseatach a’ tachairt luath gu leòr. Chaidh a ràdh gu bheileas a’ coimhead ri gach brannd fa leth agus gu bheil adhartas ann. Gus siostam gèillidh (compliance procedure) phrògraman agus an gluasad gu didseatach a dhèanamh nas fhasa, thèid beachdachadh air an tuilleadh threànadh a chur air dòigh.
- 13.6. Le fòcas ro-innleachdail air cuisean cloinne/luchd-ionnsachaidh/dràma, chaidh faighneachd an robh rannsachadh no buidhnean fòcais a’ gabhail àite gus beachd an luchd-amhairc seo fhaighinn. Chaidh innse gum bi buidheann fòcais le TRP a’ tachairt sa Mhàrt.
- 13.7. Bha aithne ann ged a bha an sgrùdadh a-nis deiseil, gu lean obair ann a bhith a’ coimhead ri rudan ùra a leasachadh, seach a bhith a’ feitheamh ris an ath sgrùdadh.
- 13.8. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail, bha aonta ann gluasad gu ruige na co-dhùnaidhean seo a ghlacadh taobh a-staigh Meòrachan Còrdaidh eadar an dà bhuidheann, a thèid aontachadh thathas an dòchas sa Ghiblean 2024. Thèid deit na h-ath sgrùdaidh a chur

sa Meòrachan Còrdaidh, a thuilleadh air gu bheil an Cathraiche a-nis an làthair aig Scotland Committee a' BhBC.

- 13.9. **Gnìomh:** thèid gluasad gu ruige Mèorachan Còrdaidh a dhealbhadh agus thèid fios a chumail ris a' Bhòrd. (MC)

14. Amasan & Prìomh Thoraidhean (APT) 2024/25

- 14.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun do choimhead Comataidh Lèirsinn air siostam ùr airson a bhith a' tomhas dè an adhartas a tha MG ALBA a' dèanamh mu choinneimh na h-amasan mòr ann an 2024-25.
- 14.2. Le siostam APT ag innse sgeulachd nas coileanta na liosta de KPIan, bidh APT ann aig na h-ìrean Companaidh; Raointean obrach agus Pearsanta agus thèid an cur gu obair aig ìre pearsanta tro siostam Lattice, a tha a' brosnachadh agus a' cumail fianais air còmhraidhean eadar manaidsèar agus neach-obrach.
- 14.3. Chaidh deasbad a chumail a thaobh an ceann "Content" a bhith a' toirt a-steach IP agus mar a bhathas a' deasbad aig 11.4 gum bu chòir leithid HIE agus Alba Chruthachail a bhith an lùib nan còmhraidhean seo mar bhuidhnean mion-eòlach air gnothaichean coimearsalta, a' coimhead ri atharrachadh agus a bhith a' cruthachadh sruthan teachd-a-steach eile.
- 14.4. Feumar àrainneachd a chruthachadh far a bheileas a' coimhead ri sgeulachdan a chur air ùrlaran eadar-dhealaichte, ann an cànan eadar-dhealaichte, a' coimhead ri diofar luchd-amhairc, a' coimhead ri leasachadh brannd agus a' coimhead ri sruthan maoineachaidh nach eileas a' faicinn an-dràsta.
- 14.5. **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd ri Amasan agus Prìomh Thoraidhean 2024/25.
- 14.6. **Gnìomh:** 1) thèid na APTan an cuir a-steach do dhòigh-aithris na buidhne bhon Ghiblean air adhart ach le aithne, ri linn gu bheileas ag aithris air a' chairteil a dh'fhalbh, nach bi an siostam ùr ri fhaicinn gu coinneamh na Sultaine agus 2) thèid mìneachadh a dhèanamh airson nan ceathrar buill ùra air dè tha san amhairc dhuinn le seo. (DMD)

15. Plana Obrachaidh 2024/25

- 15.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun do choimhead am Bòrd air dreach Plana san Fhaoilleach 2024.
- 15.2. Aig àm sgrìobhaidh nam pàipearan bha fhathast mi-chinnt ann mu bhuidseat na buidhne.
- 15.3. Bho àm sgrìobhaidh nam pàipearan, bha Ofcom air tilleadh le ceist no dhà co-cheangailte ri ìsleachadh sna h-uairean a thìde de phrògraman a thèid am maoineachadh agus an ìsleachadh sa chosgais iomlan air susbaint 'total content spend'.

15.4. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail, dh'aontaich am Bòrd ri Plana Obrach MG ALBA airson 2024-25.

15.5. **Gnìomh:** 1) thèid freagairt a chur gu ceistean Ofcom agus an uair sin thèid am Plana fhoillseachadh. (DC)

16. Poileasaidh Pàighidh 2024/25

16.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun do dh'aontaich Comataidh Lèirsinn ris a' mholadh airson àrdachadh pàighidh airson 2024-25.

16.2. **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd ri àrdachadh pàighidh cuibheasach de 3.2%

16.3. **Gnìomh:** thèid seo a chur an gnìomh. (SMD)

17. Plana fastaidh 2024/25

17.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh dreuchdan ùra a thathas airson chruthachadh a thuilleadh air a bhith a' coimhead ri plana mionaideach airson atharraichean anns an sgioba didseatach.

17.2. Chumar deasbad eadar buill, an AO agus LA.

17.3. **Co-dhùnadh:** chuir am Bòrd làn thaic ri na planaichean, an t-slighe agus na h-obraichean a chaidh a dheasbad.

17.4. **Gnìomh:** thèid cùisean an adhartachadh. (DC)

18. Ùghdarras +£100k san uair – Sgeama EBU

18.1. Choimhead am Bòrd air iarrtas airson an ùghdarras aca a thoirt seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson prògraman seachad air £100,000 san uair.

18.2. Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gun toir am Bòrd seachad ùghdarras airson [fios glèidhte] a chosg air coimisean airson mu 15 mionaidean de dhràma airson sgeama an EBU 2024.

18.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill comhairle a thabhann, thug am Bòrd ùghdarras seachad fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2 airson Sgeama Dràma an EBU.

19. Ùghdarras fo Riaghailtean Ionmhasail – Pasgain

19.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt fios às ùr mu phròiseas ùrachaidh na cùmhnantan riochdachaidh ioma-bhliadhna (pasgain) gu ruige seo.

- 19.2. Às dèidh ceann-latha dùnaidh cuairt coimiseanaidh na Pasgain air 9/2/24 tha an sgioba coimiseanaidh a-nis air gluasad gu ìre measaidh a’ phròiseis. Tha cùisean a’ dol air adhart mar a bhiodh an dùil agus a rèir an clàr-ama a chaidh fhoillseachadh.
- 19.3. Fhuair tagraidhean bho chompanaidhean riochdachaidh airson còig ghnèithean agus bha fios mu na tagraidhean air beulaibh bhall.
- 19.4. Às dèidh a’ chiad pìos sgrùdaidh a chaidh a dhèanamh air na tagraidhean thànaig e am follais nach robh aona chompanaidh a’ coileanadh an àireamh de phuingean a bhiodh a dhìth a thaobh libhrigeadh “track record” agus le sin cha bhi an tagradh a’ gluasad air adhart anns a’ phròiseas measaidh.
- 19.5. Chaidh barrachd mìneachadh a dhèanamh mun cho-dhùnadh sin, mar a bhathas a’ coimhead airson fianais mu libhrigeadh cruthachail agus gnìomhachail, agus nach b’ e co-dhùnadh stèidhichte air cho ùr ‘s a bha chompanaidh (an structar corporra) a bha ann.
- 19.6. Chaidh aithneachadh gu bheil e cudromach gun tèid na companaidhean ùra am brosnachadh agus chaidh a ràdh gun deach seiseanan càirdeil, feumail a chumail leotha.
- 19.7. Tha coinneamhan air a bhith ann leis a h-uile riochdaire eile a chur a-steach tagradh agus tha am pròiseas measaidh a’ leantainn leis an sgioba coimiseanaidh.
- 19.8. ‘S e Dihaoine 29/3/24 an ceann-latha a tha san amharc airson co-dhùnaidhean le cùmhnantan ùr a’ tòiseachadh air 1/7/24.
- 19.9. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill ceistean iomchaidh a chur, dhearbhadh am Bord gu robh iad fiosraichte air a’ chuspair aig an ìre seo den phròiseas.
- 19.10. **Gnìomh:** thèid coinneamh shònraichte leis a’ Bhòrd, air Teams, a chumail seachdain a’ tòiseachadh 18/3/24. [\(MAMI\)](#)

20. Ùghdarras fo Riaghailtean Ionmhasail – an t-Eilean

- 20.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh gun deach ùghdarras airson “An t-Eilean” aontachadh aig coinneamh a’ Bhùird air 15/6/23 agus bha am pàipear seo a’ toirt aithris air a’ phròiseact mar chomharra air slighe gu cùmhnant.
- 20.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fios às ùr fhaighinn agus ceistean iomchaidh a chur, dhearbhadh am Bord gu robh iad fiosraichte.

21. Poileasaidhean

- 21.1. Bha pàipear agus poileasaidhean air beulaibh bhall, a chaidh am moladh chun Bhùird leis a’ Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

21.2. **Co-dhùnadh:** 1) dh'aontaich am Bòrd gu robh iad riarachtaichte le na poileasaidhean a bha air am beulaibh.

21.3. **Gnìomh:** 1) thèid na poileasaidhean fhoillseachadh mar a bhios iomchaidh agus thèid trèanadh iomchaidh a chuir air dòigh **(MAMI)**

22. Bile nan Cànanan

22.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gun do chuir Riaghaltas na h-Alba Bile nan Cànanan air bhog air 30/11/23.

22.2. Ged nach eil ach aon mholadh sa Bhile a tha ag ainmeachadh na meadhanan Gàidhlig no a' toirt iomradh air MG ALBA, tha dùil aig Riaghaltas na h-Alba gun cuir MG ALBA ris an deasbad.

22.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dh'aontaich am Bòrd gum biodh e iomchaidh freagairt a chur a-steach.

22.4. **Gnìomh:** thig dreach deireannach thuca air no ro 5/3/24 agus gun deigheadh freagairt oifigeil a chur air 8/3/24. **(RN)**

23. GISBE

23.1. Thèid adhartas agus plana a thaobh EDI agus Net Zero a chur mar phuing leantainneach air clàr a' Bhùird. **(MAMI)**

23.2. Thuirt an Cathraiche gu robh buill ag aontachadh gu robh pàipearan a' Bhùird fhathast ro fhada le cus fiosrachadh obrachaidh annta. Thèid obair leasachaidh a dhèanamh air an sin. **(MAMI)**

24. Deit na h-ath choinneimh – 14/6/24, Glaschu